



A' Sgrùdadh Eachdraidh Ainmean Thogalaichean



Ciamar a bhios togalaichean a' faighinn an ainmean?

- Gu tric bidh togalaichean mar blocaichean oifis air an ainmeachadh le na daoine a phàigh airson an togail. Gu tric bidh sgoiltean air an ainmeachadh às dèidh naoimh.
- 'S dòcha gun seall seann taighean a' bhliadhna anns an deach an togail.
- Nuair a ghluaiseas daoine a-steach a thaigh, 's dòcha gun toir iad ainm ùr air an taigh. Uaireannan bidh dachaighean air an ainmeachadh às dèidh àite a bha sònraichte dhan neach-seilbh.
- Gu tric bidh ainm air tuathanasan agus taighean nas aosta a tha ag innse càit a bheil iad suidhichte (me Tuathanas na h-Innse Ìosal no Taigh na Craobhe Leamhain).
- Uaireannan bidh togalach àraidh air ath-ainmeachadh gus tachartas ainmeil a chomharrachadh no 's dòcha duine às an àite.



Mar a gheibhear a-mach mu ainmean thogalaichean

- Tòisich le smaoineachadh mu ainm an togalaich. A bheil e air ainmeachadh às dèidh duine no tachartas (me 'Tùr Trafalgar') no a bheil an t-ainm a' mìneachadh an seòrsa àrainneachd sa bheil e?
- Ma tha ainm rud co-cheangailte ri nàdar, faigh mapa den sgìre agus lorg an rud air an robh e air ainmeachadh. Cha bhi craobhan fa leth air an sealltainn ach mas e 'An Tuathanas fon Choille' a th' air, 's dòcha gun lorg thu an coille air cnoc os a chionn a' mìneachadh an ainm aige.
- Ma tha e air ainmeachadh às dèidh cuideigin, bu chòir dhut leabhraichean eachdraidh no an t-eadar-lìon* a chleachdadh gus faicinn dè a lorgas tu mun neach no an tachartas. Dè an ceangal a tha aig làrach an togalaich seo ris an sgìre sa bheil e?
- Cuir fios gu Roinn Dealbhaidh do chomhairle ionadail agus faighnich dhaibh mun ainm.



* Na cleachd an t-eadar-lìon uair sam bith airson rannsachadh gun innse do dh'inbheach dè tha thu a' dol a dhèanamh!



Ann an Cardiff, tha flataichean ùra le gach bloc air ainmeachadh às dèidh bogsairean ainmeil às a' bhaile.

Tha Driscoll Court air ainmeachadh às dèidh Jim Driscoll, Prìomh Bhuadhaiche Cuideam na h-Ite Bhreatainn, na h-Ìmpireachd & na h-Eòrpa a bhàsaich ann an 1925.



Tha Tramway Cottage air ainmeachadh às dèidh an tram a bhios a' ruith seachad air.



Bha an togalach seo air ainmeachadh às dèidh do Bhanrigh Romàinia tadhal air a' bhaile.



Seall airson clàran a dh'innseas dhut mu thogalaichean.



Seo soidhne air leth mòr ann an leacan geala gu h-àird air togalach mu choinneamh na stèisean rèile.

Anns an leabharlann ionadail bha iùl baile a' sealltainn sanas airson na bùtha a bha san togalach roimhe.

